



ALBA | CHRUTHACHAIL

# An t-Oll. Gavin Wallace Co-chomann 2025 a Chumail

---

STIÙIREADH IARRTAIS DO BHUIDHNEAN

---

# De a tha ann an Co-chomann an Oll. Gavin Wallace?

Chuireadh Co-chomann an Oll. Gavin Wallace air dòigh mar urram do neach-obrach Alba Chruthachail a chaith a bheatha phroifeiseanta gus sgrìobhadairean agus buidhnean litreachais air feadh Alba a chuideachadh.

As dèidh dhuinn an t-Oll. Wallace a chall gu mì-fhortanach ann an 2013 stèidhich Alba Chruthachail Co-chomann bhliadhnail na ainm mar urram do a dhìleab agus gus cumail a' dol leis an obair mhath aige.

Cuiridh a' mhaoin seo taic ri buidhinn ealan no roinn phoblach stèidhichte ann an Alba gus Co-chomann an Oll. Gavin Wallace a chumail fad bliadhna. Fasdaidh a' bhuidhinn a chumas a' Cho-chomainn Co-sgrìobhadair.

Tha Co-chomann an Oll. Gavin Wallace a' faighinn taic bhon Chrannchur Nàiseanta tro Alba Chruthachail.

---

# Dè tha sinn a' sùileachadh bhon bhuidhinn a chumas an Co-chomann?

Tha an Co-chomann ann gus taic a chur ri sgrìobhaichean a tha stèidhichte no ann am meadhan an cùrsa-obrach, a' leigeil le sgrìobhaiche obair a chruthachadh an àite bùithtean-obrach no obair eile co-cheangailte ri pròiseactan a thoirt seachad.

Thoiribh fa-near gur e rùn Co-chomann Gavin Uallais gum faigh sgrìobhadair cothrom bliadhna a chuir seachad a' sgrìobhadh ann an raoin far an nochd iad comas mar-thà. Agus chan ann gus leigeille sgrìobhadairean tòiseachadh ann an dòighean-sgrìobhaidh ùra.

Bu chòir buidhnean a nì tagradh an gnothaich a chumail cuspair farsaing a mholadh a bhios co-cheangailte rin obair fhèin. Tha sinne gu mòr airson tagraidhean fhaighinn bho bhuidhnean a nì obair ann an cruth ealain sam bith, no a dh'obraicheas ann an pàirtean eile den roinn phoblach, fhad is a nochdas iad:

- Dilseachd aithnichte do na h-ealain ann an Alba
- Tuigse air feumalachdan adhartais sgrìobhaichean agus deòin taic a chumail ri sgrìobhaiche tron Cho-chomann air fad
- Eòlas air saoghal litreachas na h-Alba anns an fharsaingeachd
- Argamaid soilleir carson a bhiodh e buannachdail do obair na buidhnean an Co-chomann a chumail ann an 2025.

Tha sinn gu h-àraid airson tagraidhean fhaighinn bho bhuidhnean a:

- Nochdas dilseachd do na h-ealain ann an Alba a leudachadh

## **and/or**

- A bheachdaicheas air feumalachdan ruigsinneachd tro a bhith fosgailte obrachadh aig astar agus gu digiteach leis an co-sgrìobhaiche, far am bi an leithid feumail no iomchaidh.

Iarraidh sinn cuideachd air a bhuidhinn a chumas an gnothaich innse gum bi neach-obrach ri fhaotainn a bhios mar neach-conaltraidh agus a bheir taicdon sgrìobhaiche rè a' Cho-chomann.

---

# Ciamar a mheasas sinn tagradh?

Feumaidh buidheann a tha airson Co-chomann An Oll. Gavin Wallace 2025 a chumail freagairt air na feumalachdan a leanas.

Measaidh sinn gach tagradh a rèir an fhiosrachaidh a bheir iad seachad, agus tomhaisidh sinn a rèir nan gnothaichean a leanas:

- **Sàr-mhathas:** Fiach cruthachail a' chuspair no beachd a mholar
- **Brìgh:** An ìre dam freagair a' bheachd air a' mhaoin
- **Soilleireachd:** Sealladh a mhinichear gu soilleir mun gnìomh a mholar
- **Buaidh:** A' bhuidheann a thathas a' sùileachadh a gheibheadh a' bhuidheann bho a bhith ag obair leis an sgrìobhaiche
- **Ionmhas:** Gun cleachdar an ionmhais a tha ri faotainn gu h-ìomchaidh.

---

## Fastadh a' Cho-sgrìobhaiche

Aon uair is gu bheileas air buidheann a thaghadh feumaidh a' bhuidheann sanasachd fosgailte is poblach a chur air dòigh gu roinn an litreachais ann an Alba, ag iarraidh air sgrìobhadairean cur asteach. Bu chòir don Cho-chomann a bhith fosgailte do sgrìobhadairean stèidhichte a tha a' fuireach agus ag obair ann an Alba, a dh'fhoillsich co-dhiù aon nobhail, aon chruinneachadh sgeulachdan goirid, aon chruinnichadh bhàrdachd no aig a bheil obair a chuireadh air àrd-ùrlar gu proifeiseanta. Faodaidh an obair a bhith ann am Beurla, A' Bheurla Ghallda no Gàidhlig.

Mar thoradh air na beachdan misneachail a fhuaras bho mhuintireas digiteach 2021 an Oll. Gavin Wallace, tha sinn airson an Co-chomann a dhèanamh fosgailte don fheadhainn le feumalachdan ruigsinneachd leithid ciorram, uallaichean cùraim no a bhith stèidhichte ann an àitichean iomallach. Bheirear prìomhachas don fheadhainn a bheir suim don seo nan tagradh.

Tha sinn cuideachd gu mòr airson cothroman a chruthachadh do ùghdaran à buidhnean le dìth riochdachaidh agus bhitheamaid a' sùileachadh gun toir a' bhuidheann a chumas an Co-chomann misneachd do thagraichean à diofar àite is eachdraidh.

Gus taic a chumail ris an sgrìobhaiche, agus gus am faigh iad eòlas air a' bhuidhinn a chumas an gnothach, agus gus dèiligeadh ri rudan a dh'èireas, bithear a' sùileachadh gum bi neach-obrach ann mar neach-conaltraidh rè a' Cho-chomainn.

# Ionmhas ri Fhaotainn don Cho-chomann ann an 2025

Tha aon tabhartas de £29,000 ri fhaotainn. Thèid an tabhartas a roinn ann an tuarastal de £24,000 don sgrìobhadair shoirbheachail, agus £5,000 don bhuidhinn mar thaic gus amasan pròiseict ullachadh is coileanadh.

## Clàran-ama

### Buidheann a chumas an gnothach

**Tagraidhean fosgailte:** 11 Sultain 2024

**Ceann-là:** 29 Dàmhair 2024

Nithear co-dhùnaidhean a rèir an fhiosrachaidh air a' bhileig-thagraidh – ge-tà, ma dh'fheumar, is dòcha gun iarr sinn air buidhnean a thighinn a-steach airson còmhraidh tràth san t-Samhainn (faicibh **Taobh-duilleig 8** airson barrachd fiosrachaidh). Tha sinn ag amas air innse cò a' bhuidheann a thagh sinn airson an gnothaich ron 25 Samhainn 2024.

### Co-chomann

Aon uair is gun taghar a' bhuidheann a chumas an gnothach, bhithe a' sùileachadh gun gabh a' bhuidheann sanasachd is fastadh a' Cho-chomainn os làimh. Mholamaid gun cuireadh sibh riochdaire Alba Chruthachail air a sgioba gheàrr-liosta is agallaimh agaibh. Tha dùil againn gum bi an neach air fhadadh agus deiseil tòiseachadh air a' Cho-chomainn crìoch a' Ghearrain 2025 aig a' char as ainmiche.

## Cò dh'fhaodas tagradh a dhèanamh?

Gabhaidh sinne ri tagraidhean bho bhuidhnean ealan, sgrìn agus cruthachail a tha stèidhichte ann an Alba. Bhiodh sinn toilichte cuideachd gabhail ri tagraidhean bho bhuidhnean a tha ag obair ann am pàirtean eile den roinn phoblach a fhreagras air na riaghailtean (gu h-àraid a thaobh feumalachdan leasachaidh an sgrìobhadair).

Faodaidh buidhnean a gheibh Maoineachadh Cunbhalach bho Alba Chruthachail mar-thà tagradh a dhèanamh, ach bu chòir dhaibh bruidhinn mun rùn aca leis a' Oifigear Ceangal aca sa chiad dol-a-mach. Feumaidh tagraidhean mìneachadh carson a chuireadh an gnìomh a mholar ris an Aonta Maoineachaidh aca agus dè chuireadh an gnìomh ri na planaichean aca airson na h-aimsir seo agus an àm a tha ri teachd.

Faodaidh feadhainn a chùm Co-chomann an Oll. Gavin Wallace roimhe seo tagradh a dhèanamh a-nis a-rithist, ach chan fhaigh iad prìomhachas.

# Ciamar a nithear tagradh agus barrachd fiosrachaidh

## Cruthan is Cànanan Eile agus Taic Ruigsinneachd

Tha e na rùn aig Alba Chruthachail gum bi pròiseasan tagraidh ann a tha soilleir is ruigsinneach agus gum bi prògraman againn a tha fosgailte do na h-uile. Tha am fiosrachadh seo ri fhaighinn ann an cruthan eile ma thèid seo iarraidh, a' gabhail a-steach eadar-theangachaidhean. Tha sinn a' tairgsinn taic ruigsinneachd do dhaoine air a bheil ciorram, a tha a rèir feumalachdan gach neach a nì iarrtas.

Tha taic a' gabhail a-steach Eadar-mhìneachairean Cànan Soidhnidh airson coinneamhan agus taic le sgrìobhadh airson daoine air a bheil dyslexia. Is urrainn do dh'oifigearan comhairle a thoirt do thagraichean ùra agus taic a thoirt dhaibh gus tagraidhean a dhèanamh. Is urrainn do Sgioba na Co-ionannachd taic fa leth a thoirt do dhaoine aig a bheil feumalachdan ruigsinneachd. Thoiribh fa-near gun gabh sinn ri tagraidhean agus stuthan taic a tha sgrìobhte anns a' Bheurla, sa Ghàidhlig no sa Bheurla Ghallda.

## Taic a dhìth?

Ma tha ceistean coitcheann sam bith agaibh mun phròiseas iarrtais, Stiùireadh no Foirm Tagraidh, cuiribh sibh fios gun Bhuidhinn Fiosrachaidh againn:

**Faodar seo a dhèanamh tro phost-d, tron làrach-lìn no meadhanan sòisealta againn:**

**Post-d:** [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

**Lìon:** Lìonaibh foirm air [an làrach-lìn againn](#)

---

# Prìomh fhiosrachadh a tha a dhìth nuair a nì sibh ur tagradh

Tha am fiosrachadh a mhìnichear gu h-ìosal riatanach. Mura faigh sibh air an fhiosrachadh a tha a dhìth a thoirt seachad, measar ur tagradh neo-choileanta, agus cha mheasar e.

- Feumaidh sibh clàr den bhun-reachd agaibh, ur Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman agus ma tha an leithid agaibh, ur Plana Gnìomh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd.
- Feumar tagraidhean a dhèanamh air a' bhileig-thagraidh iomchaidh agus achur thugainn air post-d, mura chaidh iarrtas sònraichte a dhèanamh agusaontachadh ro-làimh..
- Feumaidh tagraichean cunntas ionmhais de aon dhuilleig a chur a-steach (nas fheàrr a' cleachdadh Excel no prògram ionmhais coltach ris) a' mìneachadh ciamar a chleachdas sibh mar bhuidheann ruith an t-airgead gusan Co-chomann a stiùireadh.
- Feumaidh tagraidhean diog a chur sa bhogsa air an fhoirm iarrtais gusdearbhadh gun do leugh agus gun do thuig iad an Stiùireadh agus na Teirmichean is Cumhaichean coitcheann.

---

## Ceann-là tagraidh is pròiseas

'S e ceann-là nan tagradh bho bhuidhnean a tha ag iarraidh Co-chomann An Oll. Gavin Wallace ann an 2025 meadhan-oidhche: **29 Dàmhair 2024.**

Feumaidh bileagan-tagraidh air an lìonadh agus stuthan-taice a chur tro phost-d gu: [drgavinwallacefellowship@creativescotland.com](mailto:drgavinwallacefellowship@creativescotland.com)

Nuair a nithear an tagradh gheibh sibh fiosrachadh dealain gun d'fhuaras e. Measaidh sinn ur tagraidh agus cuiridh sinn dhan siostam e.

---

# Pròiseas co-dhùnaidh

Measar iarrtasan clàraichte le oifigearan Alba Chruthachail le eòlas a fhreagras air a' phrògram maoineachaidh seo.

Measaidh sinn tagraidhean a rèir nan riaghailtean a tha sgrìobhte air **Duilleagan 2 agus 3** agus bithear ag amas ar co-dhùnadh a dhèanamh air bhonn an fhiosrachaidh a dh'innsear sa bhileig-thagraidh a chuirear a-steach. Ma shaoileas sinn gun fheum sinn, is dòcha gun iarr sinn air roghainn bheag de bhuidhnean air a' gheàrr-liosta a thighinn a-steach airson còmhraidh gus barrachd innse dhuinn mun mholadh aca is an chuid phlanaichean dhan Cho-chomann. Dh'iarraidh sinn le sin air na tagraichean gu lèir a bhith deiseil airson agallamh **tràth san t-Samhainn**. If selected for interview, reasonable travel costs will be reimbursed, although online options will also be available.

**Thig naidheachd mun tagradh agaibh air 25 Samhainn 2024 aig a' char as fhaide.**

---

## Dion Dàta:

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaidh pearsanta mur dheidhinn/mu dheidhinn ur buidhne gus beachdachadh air an iarrtas agaibh airson maoineachaidh. Às aonais seo, chan urrainn do dh'Alba Chruthachail maoineachadh a thoirt seachad.

Ma thathas airson tuairisgeul fhaicinn air an fhiosrachadh phearsanta a tha a dhìth oirnn, carson a tha e a dhìth, dè nì sinn leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fad 's a chumas sinn e, tha Brath Prìobhaideachd Alba Chruthachail ri fhaighinn air-loidhne aig [www.creativescotland.com/privacy-policy](http://www.creativescotland.com/privacy-policy).

Dh'fhaodadh gun co-roinn Alba Chruthachail am fiosrachadh pearsanta agaibh le treas-phàrtaidhean gus gèilleadh dhan lagh agus/no dha com-pàirtean dligheach Alba Chruthachail agus/no na treas-phàrtaidhean a bhuineas ris.

Far am buin am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail do cuid eile, thoiribh sùil air a' Bhrath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an neach/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a th' aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo nar Poileasaidh Prìobhaideachd no faodar fios a chur dhanr **Oifigear Dion Dàta** againn..

Ma tha dragh sam bith oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail an dàta pearsanta agaibh, bu chòir fios a chur dhan Oifigear Dion Dàta againn sa chiad dol a-mach, oir bu toigh leinn cothrom a bhith aca obrachadh còmhla ribh gus gearan sam bith fhuasgladh. Ma thathas fhathast mì-riaraichte, faodar gearan a chur gu **Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh**.



---

## A' togail gearan

Mar bhuidhinn, bidh sinn an-còmhnaidh ag èisteachd 's a' freagairt cùram sam bith a dh'fhaodadh a bhith agaibh. Ma thathas airson gearan a thogail mun dàrna chuid an t-seirbheis a fhuair sibh bho Alba Chruthachail no an dòigh sa bheil sinn air dèiligeadh ris an iarrtas, tha pròiseas againn as urrainn dhuibh cleachdadh.

Thoiribh an aire nach eil pròiseas ath-thagraidh aig Alba Chruthachail agus 's ann air an adhbhar seo nach urrainn dhuinn a ghabhail ri gearanan mu dheidhinn a-mhàin a' cho-dhùnaidh a tha sinn air dhèanamh seach mar a rinn sinn e.

Airson barrachd fiosrachaidh, nach tèid sibh dhan earrainn den làraich-lìn againn air a bheil Gearanan: [www.creativescotland.com/complaints](http://www.creativescotland.com/complaints)


---

## Saorsa an Fhiosrachaidh

Tha Alba Chruthachail an geall air a bhith cho fosgailte 's a' ghabhas. Tha sinn a' creidsinn gu bheil còir aig a' phoball a bhith fiosrach air mar a chosgais sinn maoin a' phobaill agus mar a nì sinn ar co-dhùnaidhean maoineachaidh. Chìthear mion-fhiosrachadh de ar dèiligeadh ri FOI air an làraich-lìn againn an seo: [www.creativescotland.com/foi](http://www.creativescotland.com/foi)

Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrtais agaibh agus fiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt gu ball sam bith den phobaill a dh'iarras am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Chan fhaodadh gum fuasglamaid na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo aon no barrachd de na saorsachdan fon Achd.

Faicibh an làrach-lìn Saorsa an Fhiosrachaidh aig [www.itspublicknowledge.info](http://www.itspublicknowledge.info) airson fios mu shaorsa fiosrachaidh agus na saorsachdan. Chan fhuasgail sinn fiosrachadh sam bith mu thagraidhean tro àm a' mheasaidh, oir ma dh'fhaoidte gun cuir sin a-steach air a' phròiseas co-dhùnaidh.



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate  
2-4 Waterloo Place  
Edinburgh EH1 3EG  
Scotland UK

[www.creativescotland.com](http://www.creativescotland.com)  
[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)



An t-Sultain 2024